

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm: 28 An Cèitean 2024 aig 5:00f
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Bùird an làthair:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]

Dòmhnall K Mac a' Phì (DKM)

John Neil Dòmhnallach (JND)

Rob Dunbar (RD)

An làthair:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail (ED)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim (JMH)

Karen Nic a' Ghobhainn, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (KNG)

Fàilte bhon Chathraiche

Chur an Cathraiche fàilte air a h-uile duine don choinneimh.

Leisgeulan

Donald MacAoidh (DMA)

Michelle NicLeòid (MNL)

Jennifer Gilmour (JG)

Seonaidh Charity (SC)

Stewart MacLeòid (StML)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra (NP)

1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

Cha robh gin ann.

1.3. GISBE

Cha robh gin ann.

2. Plana Corporra

2.1 Dreachd Phlana Chorporra 2023-28 (Ri Aontachadh)

Thug a' Chathraiche aithris chun a' Bhòrd Stiùiridh air am Plana Corporra 2023-28, a' togail air na 6 PCCan airson an t-àm ri teachd. Dh'innis i dha na Buill gum biodh feum air aonta bhon Bhòrd-Stiùiridh agus an uairsin aonta bho Riaghaltas na h-Alba mus biodh am plana air fhoillseachadh gu poblach.

Thog Buill puing no dhà a thaobh briathrachais, litreachais agus fhuair iad fios gun ghabhadh iad seo a dhèanamh leis an sgioba.

Chaidh bruidhinn air a KPI 1 agus bha na buill air fad toilichte leis an seo. Thog Buill gum biodh e nas fhèarr bruidhinn air cothroman air leasachaidh a sgrìobhadh ann an KPI 2 an àite cothroman a mhàin.

Thog Buill gum bu choir togail air an dàta foghlaim ann an KPI 3 far a bheil lùghdachadh air a bhith ann an àireamh an t-sluaigh ach barrachd clann a' taghadh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig.

Chaidh bruidhinn air KPI 4 agus thog a' Chathraiche agus a' Cheannard gum bi targaidean agus tomhasan uile anns an ro-innleachd fhèin an àite sa Phlana Corporra. Mhol Bhuill barrachd fiosrachadh a chur ann airson an siostam gus fileantachd a thomhais agus fhuair iad fios far am faigheadh iad an fhiosrachadh seo.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buil ris a Phlana Corporra ach seach nach robh gu leòr Buill an làthair, bhiodh feum air aonta tro puist-d gus aonta foirmeil fhaighinn mus tèid am Plana chun an Riaghaltas.

****Air an 30mh Chèitean chur a' Cheannard post-d gu Buill leis na h-atharraichean a chaidh a thogail, agus dh'aontaich Buill ris an dreach seo.****

3. GISBE

Ceann-là na h-ath choinneamh: 28mh An t-Ògmhios 2024